

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 416. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 112 corresponds to Litir 416.

Nuair a bha a’ chlann agam òg, bhithinn a’ dol don chròileagan còmhla riutha aig amannan. Chòrd e rium, feumaidh mi ràdh. Agus bhithinn ag ionnsachadh òrain còmhla riutha. Tha fear de na h-òrain a bh’ againn a’ stobadh a-mach nam chuimhne.

Chan e gu bheil mi ga chuimhneachadh gu lèir. Gu mì-fhortanach, chan eil cuimhne mar sin agam ann. Bidh mi a’ dìochuimhneachadh briathran òran gu luath. Agus **cha chreid mi gum faca** mi an t-òran seo ann an cruth sgrìobhte. Ach tha cuimhne agam fhathast air an t-sèist. Chaidh e mar seo:

Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, na mòna duibh, na mòna duibh, Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, càite na chaidil thu raoir san “ì”. Uill, aig an àm sin, bha mi a’ fuireach anns an Eilean Sgitheanach. Bha poll-mònach againn faisg air an taigh far am bithinn a’ buain na mònach. Bhithinn a’ faicinn uiseagan gu tric ann, ag èirigh às an fhraoch is a’ dol air sgèith os mo chionn. ’S e a’ Bheurla a th’ air uiseag – *skylark*.

Bha an t-òran snog gu leòr ach bha aon rud mu dheidhinn a bha a’ cur dragh orm. ’S e sin deireadh na loidhne mu dheireadh dhen t-sèist. Seo an t-sèist a-rithist: Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, na mòna duibh, na mòna duibh, Uiseag bheag dhearg na mòna duibh, càite na chaidil thu raoir san “ì”. Nise, dè tha am facal mu dheireadh a’ ciallachadh – “ì”? Chan e Eilean Ì no Ì Chaluum Chille, oir chanadh tu “ann an Ì”, seach “san Ì”. Bha am facal “ì” a’ ciallachadh “eilean” bho shean. Saoil an e sin a bh’ ann? Cha robh e a’ coimhead ro choltach.

Uill, aig an àm sin, dh’fhaighnich mi de thè a bha anns a’ chròileagan. “Tha mi an dùil gu bheil e a’ ciallachadh ‘oidhche’,” thuirt i. Bha sin a’ dèanamh ciall – càite na chaidil thu raoir san oidhche? Ach carson nach e “oidhche” a bh’ ann, seach “ì”? An robh àite ann an Alba far an canadh daoine “ì” airson “oidhche”? Uill, ma tha, cha do lorg mi fhathast e.

Ach na bu tràithe dhen bhliadhna seo fhuair mi fuasgladh don cheist, agus thug e toileachas dhomh. Uill, tha mi a’ dèanamh dheth gur e seo am fuasgladh, co-dhiù. Bha mi ann an Eilean Mhanainn airson beagan làithean. Airson pàirt dhen ùine bha mi am measg Ghàidheal. Bha iad a’ bruidhinn Gaelg – no Gàidhlig Eilean Mhanainn – nam measg fhèin, agus riumsa. Tha an cànan gu math coltach ri Gàidhlig na h-Alba.

Dh’ionnsaich mi abairt no dha. Seo agaibh trì dhiubh: *moghrey mie* airson madainn mhath. Chaidh innse dhomh gu bheil *moghrey* a’ tighinn bho *moch-thràth* (“early time”). Co-dhiù, sin *moghrey mie*. Tha *fastyr mie* a’ ciallachadh feasgar math. Agus airson oidhche mhath, canaidh iad *oie vie*. *Oie vie*. Uh-uh, thuirt mi rium fhìn, *càite na chaidil thu raoir san oie!* Feumaidh gur ann à Eilean Mhanainn a thàinig an t-òran.

Dh'fhaighnich mi de thè aig a bheil an cànan gu fileanta agus thuir i, gu dearbh, gun robh an t-òran sin aca. Agus chuir fear, a bha ag èisteachd ris a' chòmhradh, tuilleadh ris. Oir bha beagan Gàidhlig na h-Alba aige. Dh'innis e dhomh nach eil *ushag* anns a' chànan acasan a' ciallachadh *skylark*. Tha e a' ciallachadh eun sam bith. Nach math gun d' fhuair mi fuasgladh don cheist, agus a' chlann agam a-nise san oilthigh!

* * * * *

Faclan na Litreach: amannan: *times*; sèist: *chorus*; poll-mònach: *peat bank*; Eilean Ì: *Iona*; fuasgladh: *solution*; Eilean Mhanainn: *Isle of Man*.

Abairtean na Litreach: bhithinn a' dol don chròileagan còmhlà riutha: *I would go to the Gaelic playgroup with them*; chòrd e rium: *I enjoyed it*; bhithinn ag ionnsachadh òrain: *I would learn songs*; a' stobadh a-mach nam chuimhne: *sticks out in my memory*; chan e gu bheil mi ga chuimhneachadh gu lèir: *not that I can remember it in its entirety*; chan eil cuimhne mar sin agam ann: *I don't have a memory like that*; bidh mi a' dìochuimhneachadh briathran: *I forget words*; far am bithinn a' buain na mònach: *where I'd cut peat*; bhithinn a' faicinn uiseagan gu tric: *I would often see skylarks*; ag èirigh às an fhraoch: *rising from the heather*; a' dol air sgèith os mo chionn: *flying [going on the wing] above me*; bha aon rud mu dheidhinn a bha a' cur dragh orm: *one thing about it annoyed me*; deireadh na loidhne mu dheireadh: *the end of the final line*; far an canadh daoine: *where people would say*; na bu tràithe dhen bhliadhna seo: *earlier this year*; bha mi am measg Ghàidheal: *I was among Gaels*; feumaidh gur ann à X a thàinig an t-òran: *it must have been from X that the song came*; chuir fear, a bha ag èisteachd ris a' chòmhradh, tuilleadh ris: *a man, who was listening to the conversation, added to it*; eun sam bith sam bith: *any type of bird whatsoever*; nach math gun d' fhuair mi fuasgladh don cheist agam: *isn't it good that I got an answer to my question*; agus a' chlann agam a-nise san oilthigh: *with my children now at university*.

Puing-chànain na Litreach: Uiseag bheag dhearg na mòna duibh: *little red bird/skylark of the black peat*. Uiseag is here in the vocative case because the bird is being spoken to by the singer, as is shown in the final line càite na chaidil thu? (short for càite an do chaidil thu raoir?) – *where did you sleep last night? It is not slenderised because it is a feminine noun*. We say a Mhairead! (Margaret!), not a Mhaireid! *This is in contrast to a masculine noun which would be slenderised in the vocative singular eg a Dhòmhnail! Because the noun is not slenderised, neither are the adjectives slenderised (adjectives follow the noun)*. In contrast, if we were shouting at a little red cat (for example), cat being a masculine noun, we would say a chait bhig dheirg!

Gnàths-cainnt na Litreach: cha chreid mi gum faca mi an t-òran seo ann an cruth sgrìobhte: *I don't reckon I've seen this song in a written form*.

* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.